



curraicealam airson sàr-mhathais:  
eòlas creideimh ann an sgoiltean  
caitligeach

eòlasan agus builean

[www.gaidhlig.ltscotland.org.uk](http://www.gaidhlig.ltscotland.org.uk)



# Eòlas creideimh ann an sgoiltean Caitligeach

## Eòlasan agus builean

Tha ionnsachadh tro eòlas creideimh a' toirt comas dhomh:

- m' eòlas agus mo thuigse den chreideamh Chaitligeach a thoirt air adhart agus a dhoimhneachadh
- buntanas a' chreideimh Chaitligich ri ceistean mu fhìrinn agus brìgh ar beatha a rannsachadh agus a thuigsinn
- na luachan, beachdan agus cleachdaidhean a tha co-chòrdail le freagairt dearbhach do chuireadh gu creideamh a thogail, a thoirt air adhart agus a chumail suas
- sgilean meòrachaidh, lèirsinn agus breithneachaidh a thoirt air adhart, agus co-dhùnadh mar a nì mi a rèir cogais fiosraichte nuair a bhios mi a' dèanamh cho-dhùnaidhean moralta
- mo bheatha ùrnaigh a neartachadh mar neach fa leth agus mar phàirt den choimhearsnachd sgoile
- rudan sònraichte ann an traidiseanan Crìosdail eile agus prìomh chreideamhan an t-saoghail a thuigsinn agus a luachadh
- diofar dearbhach a dhèanamh orm fhìn agus air an t-saoghal le bhith a' cur mo chreideasan agus mo luachan an gnìomh.

## Crìosdaidheachd Caitligeach

|   | Tràth <sup>1</sup>   | A' chiad   | An dàrna   | An treas  | An ceathramh <sup>2</sup>  |
|---|--|--|--|---|--|
| <p><b>Diomhaireachd Dhè</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>rannsachadh suidheachaidhean iongnaidh is diomhaireachd sa bheatha</li> <li>mar thoradh air Facal Dhè, mar a tha e air a shealltainn sna sgrìobtairean Crìosdail agus ann an teagasg na h-Eaglais Chaitligich a' beachdachadh air mar a dh'fhaodas na suidheachaidhean sin buaidh a thoirt air an dòigh anns a bheil sinn gar tuigsinn fhìn, a' tuigsinn ar beatha agus an t-saoghail mun cuairt oirnn.</li> </ul> | <p>Tha mi a' rannsachadh saoghal nàdarrach Dhè agus tha mi a' tòiseachadh a' faicinn iongnadh agus mìorbhail an tiodhlaic seo san t-saoghal mun cuairt orm.</p> <p><b>RERC 0-01a</b></p> | <p>Tha mi a' rannsachadh mu thiodhlaic beatha phriseil Dhè, agus a' meòrachadh air mar a tha seo a' sealltainn gràdh Dhè dhomh.</p> <p><b>RERC 1-01a</b></p> | <p>Tha mi a' sgrùdadh tiodhlaic beatha phriseil Dhè agus 's urrainn dhomh smaoinichadh air agus mo dhleastanas a chur an gnìomh.</p> <p><b>RERC 2-01a</b></p> <p>Tha mi a' rannsachadh sgeulachdan a' Bhiobaill mun Chruthachadh agus 's urrainn dhomh smaoinichadh air mar a tha sinn a' tuigsinn nam firinnean sin san t-saoghal ùr againn.</p> <p><b>RERC 2-01b</b></p> | <p>Tha mi ag aithneachadh shuidheachaidhean iongnaidh is diomhaireachd sa bheatha, agus an dèidh beachdachadh air a' chreideamh gu bheil na suidheachaidhean sin nan soidhnichean air cuireadh dàimhe bho Dhia, 's urrainn dhomh innse mar a tha buaidh aca air ar mothachadh mu rudan naomh nar beatha.</p> <p><b>RERC 3-01a</b></p> | <p>Tha mi a' smaoinichadh mun chreideamh Chaitligeach, gu bheil nàdar daonna gach neach gu bunaiteach fosgailte do Dhia, a tha a' gairm gach neach gu dàimh is lànachd beatha, agus 's urrainn dhomh innse mar a tha buaidh aig seo air ar mothachadh mu cho cudromach 's a tha làthaireachd Dhè nar beatha làitheil.</p> <p><b>RERC 4-01a</b></p> |

<sup>1</sup> Thoir an aire nach eil an seasamh laghail aig eòlas creideimh a' buntainn ach ri sgoiltean agus nach eil ri ionadan foghlaim ro-sgoile.

<sup>2</sup> Faicibh pàipear prionnsapalan agus cleachdadh airson iomradh air taghadh aig a' cheathramh ìre.

## Crìosdaidheachd Caitligeach (a' leantainn)

|  | Tràth   | A' chiad  | An dàrna   | An treas   | An ceathramh  |
|--|---|---|--|--|---|
| <p><b>Ann an Ìomhaigh Dhè</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>smaoineachadh mun chreideas Chrìosdail gu bheil brìgh agus inbhe aig ar beatha uile, agus gun urrainn do ar ghibhtean, tàlantan, cùl-raon, eòlasan, teaghlach agus creideamh ar cuideachadh airson ar gairmean beatha, a tha Dia a' sealltainn dhuinn, a luachadh.</li> </ul> | <p>'S urrainn dhomh mo mhothachadh a roinn, mu na tha gam dhèanamh nam phàiste air leth, a tha air ghibhtean fhaighinn bho Dhia.</p> <p><b>RERC 0-02a</b></p> | <p>Tha fios agam gu bheil Dia gràdhach air mo chruthachadh agus gun urrainn do mo shuidheachadh fhìn a thighinn air adhart a rèir plana Dhè dhomh.</p> <p><b>RERC 1-02a</b></p> | <p>Tha fios agam gu bheil Dia ag iarraidh orm mo ghibhtean a thoirt air adhart, agus tha mi air smaoineachadh air mar as urrainn dhomh an cleachdadh airson math dhaoine.</p> <p><b>RERC 2-02a</b></p> | <p>Smaoinich mi air an lèirsinn Chrìosdail mu inbhe an duine, dèante ann an Ìomhaigh agus coltas Dhè, agus smaoinich mi air mar a chuidich seo mo thoirt chun na h-ìre aig a bheil mi an-diugh.</p> <p><b>RERC 3-02a</b></p> | <p>'S urrainn dhomh innse mar a thug an lèirsinn Chrìosdail air an duine buaidh air ar tuigse mun bheatha mar thuras a dh'ionnsaigh sàsachadh ann an Dia. Smaoinich mi mu dheidhinn mo ghairm sa bheatha agus 's urrainn dhomh innse mu dheidhinn.</p> <p><b>RERC 4-02a</b></p> |

## Crìosdaidheachd Caitligeach (a' leantainn)

|  | Tràth  | A' chiad  | An dàrna  | An treas   | An ceathramh |
|--|--|---|---|--|--------------|
| <p><b>Fìrinn Fhoillsichte Dhè</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>a' smaoinichadh mun chreideas Chrìosdail gu bheil Dia, a rinn sinn agus a tha a' toirt cuireadh dhuinn gu lànachd beatha, air a shealltainn dhuinn mar Athair, Mac agus Spiorad Naomh tro dhàimhean pearsanta Leis agus ri chèile</li> <li>a' cur an cèill ar smuaintean agus ar faireachdainnean mu mar a tha buaidh aca air an dòigh sa bheil sinn a' tuigsinn nan eòlasan as fhaide a-staigh nar beatha spioradail, gu h-àraidh cogais, thoil agus ùrnaigh.</li> </ul> | <p>Tha mi mothachail air gràdh Dhè dhomh agus air a ghairm gum bi mi dlùth Dha.</p> <p><b>RERC 0-03a</b></p> | <p>Tha mi a' rannsachadh dàimh Dhè còmhla ri daoine eile, agus smaoinich mi mu mar a tha creideamh dhaoine air an cuideachadh aig amannan doirbh.</p> <p><b>RERC 1-03a</b></p>            | <p>'S urrainn dhomh dàimh Dhè rium fhìn agus ri daoine eile a sgrùdadh, agus smaoinich mi mu mar is urrainn do ghibht a' chreideimh a dhol air feadh mo phearsa.</p> <p><b>RERC 2-03a</b></p> | <p>Rinn mi sgrùdadh air an dòigh anns a bheil Dia ri fhaicinn ann am beatha prìomh dhaoine, agus thachartasan, san t-Seann Tiomnadh.</p> <p><b>RERC 3-03a</b></p>  |              |
|  | <p>Tha mi a' fàs mothachail air Dia mar Athair, Mac agus Spiorad Naomh.</p> <p><b>RERC 0-04a</b></p>         | <p>'S urrainn dhomh iomradh a thoirt air Dia mar Athair, Mac agus Spiorad Naomh agus smaoinich mi mu mar is urrainn do Dhia taic a thoirt dhomh nam bheatha.</p> <p><b>RERC 1-04a</b></p> | <p>'S urrainn dhomh na trì pearsachan san Trianaid Naoimh aithneachadh, agus smaoinich mi mu mar is urrainn dhomh urram a thoirt don Trianaid Naoimh.</p> <p><b>RERC 2-04a</b></p>            | <p>Rinn mi sgrùdadh air prìomh thachartasan san Tiomnadh Nuadh, far a bheil Dia air a shealltainn mar Athair, Mac agus Spiorad Naomh, agus smaoinich mi mun bhuaidh a tha aig seo air mo thuigse mu nàdar Dhè.</p> <p><b>RERC 3-04a / RERC 4-04a</b></p> |              |

## Crìosdaidheachd Caitligeach (a' leantainn)

|  | Tràth   | A' chiad   | An dàrna  | An treas | An ceathramh |
|--|---|--|---|----------|--------------|
| <p><b>Mac Dhè</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>a' smaoinneachadh mun chreideas Chrìosdail gu bheil Dia air a shealltainn sa Chruthachadh ann an dòigh àraidh tro thachartasan agus tro dhaoine sònraichte, mar a chithear ann an eachdraidh an teàrnaidh, agus gun deach an sealladh seo a choileanadh nuair a thàinig Dia dhan t-saoghal mar dhuine ann an Ìosa Crìosd, Mac Dhè agus Mac an Duine</li> <li>a' cur ar smuaintean agus ar faireachainnean an cèill mu seo /ann an solas bhriathran agus gnìomhan Ìosa</li> <li>a' smaoinneachadh mun ìre gu faod briathran agus gnìomhan Ìosa buaidh a thoirt air beachdan, luachan, agus ar giùlan fhìn agus air giùlan dhaoine eile.</li> </ul> | <p>Tha mi eòlach air sgeulachd na Nollaige agus tha fios agam gum bi sinn aig àm na Nollaige a' comharrachadh breith Ìosa, Mac Dhè agus Mac Mhoire.</p> <p style="text-align: right;"><b>RERC 0-05a / RERC 1-05a</b></p>  | <p>Tha fios agam gu bheil Ìosa dha-rìribh naomh agus dha-rìribh daonna, agus 's urrainn dhomh gabhail ris mar ar Slànaighear a bhios a' toirt thugainn a' Choinmhcheangail Ùir.</p> <p style="text-align: right;"><b>RERC 2-05a / RERC 3-05a</b></p> | <p>Rannsaich mi an creideamh Crìosdail, a dh'innseas gu bheil Dia, tro Ìosa, a' tighinn a-steach don nàdar dhaonna agus ga chruth-atharrachadh, agus gu bheil e aig teismeadhan a' chruthachaidh.</p> <p style="text-align: right;"><b>RERC 4-05a</b></p> |          |              |
|  | <p>Rinn mi sgrùdadh air cuid de dh'eileamaidean poilitigeach, sòisealta, eachdraidheil agus creideamhail Phalestine sa chiad linn, agus fhuair mi tuigse mu bheatha Ìosa air an talamh.</p> <p style="text-align: right;"><b>RERC 1-06a / RERC 2-06a</b></p> <p>Rinn mi sgrùdadh air inbhe Ìosa mar neach-teagaisg agus mar neach-slànachaidh, agus smaoinich mi mun bhuidhe a tha aig a bhriathran agus aig a gnìomhan air mo bheatha agus air beatha dhaoine eile.</p> <p style="text-align: right;"><b>RERC 1-06b / RERC 2-06b</b></p> | <p>Rannsaich mi beatha shòisealta, phoilitigeach agus chreideamhail dùthaich Ìosa bho chionn 2000 bliadhna, airson mo thuigse mu dhùilean lùdhach a' Mhesiah a leasachadh.</p> <p style="text-align: right;"><b>RERC 3-06a / RERC 4-06a</b></p>      |   |          |              |

## Crìosdaidheachd Caitligeach (a' leantainn)

|  | Tràth  | A' chiad   | An dàrna   | An treas   | An ceathramh |
|--|--|--|--|--|--------------|
| <p><b>Mac Dhè</b><br/>(a' leantainn)</p> | <p>Tha mi eòlach air sgeul na Càisge, agus tha mi a' tuigsinn gun do thog Dia Ìosa bho na mairbh airson a bhith còmhla rinn.</p> <p>RERC 0-07a</p> | <p>Rannsaich mi tachartasan Pàis, Bàs agus Aiseirigh Ìosa, agus smaoinich mi mu bhrìgh Chaitligeach na beatha maireannaich.</p> <p>RERC 1-07a / RERC 2-07a</p> | <p>An dèidh prìomh thachartasan a rannsachadh mu Mhinistrealachd, Pàis, Bàs agus Aiseirigh Ìosa, agus tòiseachadh na h-Eaglaise, 's urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air a' bhuaidh a bha aig na tachartasan sin, agus buaidh an Spioraid Naoimh air:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• tuigse nan tràth-choimhearsnachdan Crìosdail mu nàdar Ìosa</li> <li>• A làthaireachd leantainneach agus A dhearbhadh aithne</li> <li>• Leasachadh na h-Eaglaise.</li> </ul> <p>RERC 3-07a</p> | <p>Smaoinich mi mu bhrìgh agus cudromachd bàs agus aiseirigh Ìosa, a thaobh na tuigse Chrìosdail mu Ìosa mar Mhac Dhè, agus Mac an duine.</p> <p>'S urrainn dhomh innse mun bhuaidh a bha aig seo air mo thuigse agus air mo chreideas fhìn, agus air tuigse is creideas dhaoine eile mu Ìosa.</p> <p>RERC 4-07a</p> |              |

## Crìosdaidheachd Caitligeach (a' leantainn)

|   | Tràth  | A' chiad  | An dàrna   | An treas   | An ceathramh |
|---|--|---|--|--|--------------|
| <p><b>Comharran Dhè</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>a' smaoinneachadh mun chreideas Chrìosdail Chaitligeach gu bheil Crìosd a dh'èirich an làthair ann an Coimhearsnachd na h-Eaglaise, tro chumhachd an Spioraid Naoimh, agus gu bheil a bhuill air am beathachadh tro bhith a' co-roinneadh ann am beatha na Trianaid tro na Seachd Sàcramaidean</li> <li>le bhith a' tuigsinn gu bheil na Sàcramaidean mar choinneachadh ri Ìosa, a tha gar treòrachadh air ar slighe gu Creideas</li> <li>an dèidh smaoinneachadh air eisimpleirean de fhianais fàidheadaireachd eaglaise agus misean, 's urrainn dhuinn innse mu ar smuaintean agus ar faireachainnean, mun bhuaidh a dh'fhaodas a bhith aig Sàcramaidean, agus fianais air ar beatha agus air ar saoghal.</li> </ul> | <p>Tha mi mothachail air a bhith mar phàirt de choimhearsnachd, agus thòisich mi a' rannsachadh nithean mun choimhearsnachd Chaitligich ionadail.</p> <p><b>RERC 0-08a</b></p> | <p>Tha fios agam gun urrainn do dhaoine eòlas a chur air gràdh agus cùram Dhè tro Choimhearsnachd na h-Eaglaise, agus smaoinich mi mu mar a tha a' choimhearsnachd seo a' dèanamh comharrachadh còmhla.</p> <p><b>RERC 1-08a</b></p>  | <p>Rannsaich mi dualchas Crìosdail, agus mo dhleastanas sa choimhearsnachd Chaitligich, agus smaoinich mi air mar a dh'fhaodas an dleastanas seo buaidh a thoirt air mo bheatha.</p> <p><b>RERC 2-08a</b></p>  | <p>Smaoinich mi air cudromachd nan Sàcramaidean ann am beatha coimhearsnachd a' Chreideimh, 's urrainn dhomh innse mar a tha iad sin a' toirt cothrom dhuinn air coinneachaidhean cudromach a bhith againn ri Ìosa fad ar beatha.</p> <p><b>RERC 3-08a / RERC 4-08a</b></p>  |              |
|   | <p>Tha mi a' rannsachadh nan Sàcramaidean Inntigidh is Rèite agus smaoinich mi mu mar a tha na Sàcramaidean a' beathachadh creideas.</p> <p><b>RERC 1-09a</b></p>              | <p>Tro mo rannsachadh air na Seachd Sàcramaidean, fhuair mi tuigse nas doimhne orra, agus smaoinich mi air mar a tha iad a' neartachadh mo dhàimhean ri Dia agus ri daoine eile.</p> <p><b>RERC 2-09a</b></p> <p>'S urrainn dhomh a thuigsinn gur e Suipear an Tighearna 'bun agus bàrr na beatha Chrìosdail'.</p> <p><b>RERC 2-09b</b></p> | <p>'S urrainn dhomh a' tuigsinn gur e Suipear an Tighearna 'bun agus bàrr na beatha Chrìosdail'.</p> <p><b>RERC 2-09b</b></p>  | <p>'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha mo thuigse mu na Sàcramaidean a' toirt buaidh air mo thuigse fhìn agus tuigse dhaoine eile, a thaobh mar a tha na Sàcramaidean (gu h-àraidh Suipear an Tighearna, mar bhun agus bàrr na beatha Chrìosdail) a' toirt Chrìosd an làthair airson taic agus beathachadh a thoirt do ar ceangal ri Dia agus ri chèile.</p> <p><b>RERC 3-09a / RERC 4-09a</b></p> |              |
|   | <p>Rinn mi sgrùdadh air àite an Spioraid Naoimh nam bheatha, agus ann am beatha dhaoine eile.</p> <p><b>RERC 1-10a</b></p>   | <p>'S urrainn dhomh smaoinneachadh mu bhuaidh fàidheadaireachdan Spioraid Naoimh.</p> <p><b>RERC 2-10a</b></p>  | <p>Rannsaich mi an creideas gu bheil an Spiorad Naomh a' brosnachadh agus a' toirt cumhachd don Eaglais, airson dleastanas fàidheadaireachd agus misein a choileanadh ann an saoghal an là a-diugh. Rannsaich mi suidheachaidhean a tha nam fianais air seo. 'S urrainn dhomh innse mar tha e comasach dhomh fhìn agus do dhaoine eile cur ris an obair seo.</p> <p><b>RERC 3-10a / RERC 4-10a</b></p> |  |              |



## Crìosdaidheachd Caitligeach (a' leantainn)

|   | Tràth  | A' chiad   | An dàrna   | An treas   | An ceathramh   |
|---|--|--|--|--|--|
| <p><b>Facal Dhè</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>a' smaoineachadh air a' chreideas Chrìosdail Chaitligeach gu bheil Dia a' labhairt ri gach sluagh anns gach linn, agus a' labhairt rinne ann an dòigh shònraichte tro Facal Dhè, mar a tha e air a chur sìos ann an Sgrìobtar Naomh agus ann an Traidisean Naomh na h-Eaglaise Caitligich</li> <li>An dèidh Facal Dhè a chur an cèill ann an suidheachaidhean làitheil ar beatha, 's urrainn dhuinn ar smuaintean agus ar faireachainnean a chur am follais a thaobh nam buadhan a tha aige air beatha dhaoine.</li> </ul> | <p>Tha mi mothachail air cuid de sgeulachdan a' Bhìobaill.</p> <p><b>RERC 0-11a</b></p>  | <p>'S urrainn dhomh cuid de sgeulachdan a' Bhìobaill a cho-roinn, agus 's urrainn dhomh sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha Dia a' labhairt rinn tro na sgeulachdan sin. Smaoinich mi mu mar as urrainn do na sgeulachdan sin mo chuideachadh gu bhith beò mar Chrìosdaidh.</p> <p><b>RERC 1-11a</b></p> | <p>Rinn mi sgrùdadh air structar a' Bhìobaill. 'S urrainn dhomh diofar phàirtean den Bhìoball aithneachadh, agus rannsaich mi teachdaireachd Dhè annta sin.</p> <p><b>RERC 2-11a</b></p> | <p>Airson mo chuideachadh le an teachdaireachd a thuigsinn, a bha am beachd sgrìobhaichean nan teacsan sa Bhìoball, tha barrachd fios agam mu chruthan litreachail sa Bhìoball.</p> <p><b>RERC 3-11a</b></p> | <p>Bheachdaich mi air a' chreideas gu bheil Dia a' labhairt rinn ann an Sgrìobtar Naomh agus ann an Traidisean Naomh, mar a tha air a mhineachadh ann am beatha agus ann an teagasg leantainneach na h-Eaglaise. 'S urrainn dhomh innse mar a bha buaidh aca sin air mo thuigse agus air tuigse dhaoine eile mun fhirinn agus mu bhrìgh beatha.</p> <p><b>RERC 4-11a</b></p> |
|   | <p>Tha fios agam gur e Facal Dhè gu tur a th' anns a' Bhìoball agus gum bu chòir dhomh ùmhlachd a thoirt dha.</p> <p><b>RERC 0-12a / RERC 1-12a / RERC 2-12a</b></p> |  |  |  | <p>'S urrainn dhomh innse mu mo thuigse air an dòigh a tha teacsan a' Bhìobaill ag ràdh a bha agus a tha Dia a' bruidhinn ri daoine.</p> <p><b>RERC 3-12a / RERC 4-12a</b></p>   |
|   |  |  |  |  | <p>Tha fios agam gu bheil cùl-tuigse math den Tiomnadh Nuadh cudromach airson a bhith beò mar Chrìosdaidh san là an-diugh.</p> <p><b>RERC 3-13a / RERC 4-13a</b></p>   |

## Crìosdaidheachd Caitligeach (a' leantainn)

|   | Tràth  | A' chiad  | An dàrna  | An treas   | An ceathramh |
|---|--|---|---|--|--------------|
| <p><b>Uairean Dhè</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>A' smaoinichadh air a' chreideas Chrìosdail, gu bheil Sluagh Dhè a' freagairt cuireadh bho Dhia gu comanachadh tro Ùrnaigh agus Ùrnaigh Naomh Choitcheann na h-Eaglaise</li> <li>a' cur am follais ar smuaintean agus ar faireachdainnean mu dheidhinn seo, agus ag innse mar a dh'fhaodas ar tuigse, agus ar n-eòlas air ùrnaigh agus litearsaidh, buaidh a thoirt air ar beatha agus air beatha dhaoine eile.</li> </ul> | <p>Tha fios agam gu bheil mi a' labhairt ri Dia nuair a bhios mi ag ùrnaigh.</p> <p><b>RERC 0-14a</b></p>  | <p>'S urrainn dhomh cudromachd ùrnaigh phearsanta agus ùrnaigh choitcheann aithneachadh, ann am fàs cheangalan dhaoine ri Dia. Tha fios agam air grunnan de dh'ùrnaighean Caitligeach traidiseanta agus tha mi air tuigse a thoirt air adhart mu bhrìgh nan ùrnaighean sin. Ghabh mi pàirt ann an diofar dhòighean agus eòlasan air ùrnaigh. 'S urrainn dhomh innse mar a tha ùrnaigh na pàirt chudromach de bheatha litearseach is chràbhach na h-Eaglaise. Tha mi air smaoinichadh air mar a tha iad sin uile nan diofar dhòighean air adhradh do Dhia.</p> <p><b>RERC 1-14a / RERC 2-14a / RERC 3-14a / RERC 4-14a</b></p> |   |  |              |
|   | <p>Tha mi mothachail gur e Moire Mathair Ìosa agus ar Màthair-ne.</p> <p><b>RERC 0-15a</b></p>   | <p>'S urrainn dhomh urram a thoirt do Mhoire mar Mhàthair Ìosa agus ar Màthair-ne. 'S urrainn dhomh an t-adhbhar a cho-roinn mu urram a thoirt dhi.</p> <p><b>RERC 1-15a</b></p>  | <p>'S urrainn dhomh cudromachd Moire anns an traidisean Chaitligeach aithneachadh, agus tha fios agam gun urrainn a bhith a' comharrachadh a làithean fèille agus a bhith ag ùrnaigh do Dhia tro Mhoire, mo bheatha a dhèanamh nas saidhbhire.</p> <p><b>RERC 2-15a</b></p> | <p>'S urrainn dhomh àite Moire ann an Ùrnaigh Choitcheann na h-Eaglaise a mhìneachadh, agus ann am beatha ùrnaigh Chrìosdaidhean fa leth. 'S urrainn dhomh cuideachd an t-àite aig Moire ann an traidiseanan Crìosdail eile a mhìneachadh.</p> <p><b>RERC 3-15a / RERC 4-15a</b></p> |              |
|   | <p>'S urrainn dhomh co-roinneadh gur e latha spèisealta a th' ann an Didòmhnaich, nuair a bhios a' choimhearsnachd Chrìosdail Chaitligeach a' coinneachadh airson an Aifreann a chomharrachadh.</p> <p><b>RERC 0-16a</b></p> | <p>Tha fios agam gu bheil an Aifreann aig cridhe beatha na coimhearsnachd Chaitligich, agus tha mi a' toirt air adhart tuigse air mar a ghabhas mi làn-phàirt sa chomharrachadh seo.</p> <p><b>RERC 1-16a / RERC 2-16a</b></p>  |   | <p>Aithnichidh mi an Aifreann mar an dà chuid, lòn naomh agus iobairt, agus smaoinich mi air brìgh seo a thaobh saoradh daonna.</p> <p><b>RERC 3-16a / RERC 4-16a</b></p>  |              |
|   | <p>Fhuair mi eòlas air an liteargaidh mar thachartas coimhearsnachd.</p> <p><b>RERC 0-17a</b></p>  | <p>Smaoinich mi, tro eòlasan liteargach, air comas freagairt do shamhlaidhean agus pàirt a ghabhail ann an deas-ghnàthan airson adhradh a dhèanamh do Dhia.</p> <p><b>RERC 1-17a / RERC 2-17a</b></p>   |   | <p>Rannsaich mi brìgh deas-ghnàth agus samhla ann an Liteargaidh Naomh na h-Eaglaise.</p> <p><b>RERC 3-17a / RERC 4-17a</b></p>  |              |

## Crìosdaidheachd Caitligeach (a' leantainn)

|                                      | Tràth   | A' chiad   | An dàrna | An treas   | An ceathramh |
|--------------------------------------|---|--|----------|--|--------------|
| <b>Uairean Dhè</b><br>(a' leantainn) | 'S urrainn dhomh a' Chàisg agus an Nollaig aithneachadh mar amannan spèisealta don Choimhearsnachd Chrìosdail.<br><b>RERC 0-18a</b> | Tha fios agam air cuid de na soidhnichean agus na samhlaidhean co-cheangailte ri Carghas, Càisg, Caingis, Aidmheant agus Nollaig agus 's urrainn dhomh an tuigse seo a chleachdadh airson mo chuideachadh le cuspairean nan amannan sin a rannsachadh.<br><b>RERC 1-18a / RERC 2-18a</b> |          | Smaoinich mi air na tachartasan liteargach ann an Seachdain na Ceusta, sa Chàisg, Aidmheant agus san Nollaig. 'S urrainn dhomh smaoinichadh breithneachail a dhèanamh air fìor-chudromachd fèill na Càisge ann an Clàr Liteargach na h-Eaglaise.<br><b>RERC 3-18a / RERC 4-18a</b> |              |
|                                      |   | Tha fios agam gu bheil an Spiorad Naomh a' neartachadh mo chreideimh agus creideamh nan naomh, agus smaoinich mi mu mar a dh'fhaodas sgeulachdan nan Naomh mo bhrosnachadh gu beatha nas Crìosdaile a bhith agam.<br><b>RERC 1-19a / RERC 2-19a</b>                                      |          |  |              |

## Crìosdaidheachd Caitligeach (a' leantainn)

|  | Tràth   | A' chiad  | An dàrna  | An treas  | An ceathramh   |  |
|--|---|---|---|---|--|--|
| <p><b>Rìoghachadh Dhè</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• a' meòrachadh air na Deich Àithntean agus air Àithne Ùr Ìosa</li> <li>• freagairt na gairm airson fàs ann an naomhachd, mar a thuir Ìosa anns na Beannachdan, tro bhith truacanta, cothromach agus deònach cur ri math an t-sluaigh</li> <li>• a' sgrùdadh feum air freagairt do chùisean moralta ann an co-theacsa na teagaisg Chaitligich</li> <li>• cur am follais ar smuaintean agus faireachdainnean mu mar a ghabhas cuireadh na h-Eaglaise gu rìoghachd Dhè a thaobh ceartas, gràdh agus sìth a thogail, buaidh a thoirt oirnn fhìn agus air daoine eile.</li> </ul> | <p>Tha fios agam gu bheil Dia a' toirt cuireadh dhuinn a bhith gràdhach do dhaoine eile.</p> <p><b>RERC 0-20a</b></p>     | <p>Tha fios agam gu bheil mi air mo ghairm le Dia gu fàs ann an gràdh, ceartas agus fois, nam cheangal ri daoine eile.</p> <p><b>RERC 1-20a / RERC 2-20a</b></p>  |   | <p>Mheòraich mi air na Deich Àithntean agus air teagasg Chrìosda. Ghabh mi ri dùbhlann pearsanta Chrìosd airson cruth an t-saoghail atharrachadh, saoghal sa bheil Ceartas, Gràdh agus Sìth tro chumhachd an Spioraid Naoimh.</p> <p><b>RERC 3-20a / RERC 4-20a</b></p> |  |  |
|  | <p>'S urrainn dhomh pàirt a ghabhail ann an sgeulachdan a tha a' nochdadh luachan Crìosdail.</p> <p><b>RERC 0-21a</b></p> | <p>Rannsaich mi ciall àithne Ìosa mu ghràdh a thoirt do Dhia agus dom choimhearsnaich.</p> <p><b>RERC 1-21a</b></p>   | <p>'S urrainn dhomh fhaicinn mar a ghabhas cumadh a thoirt air mo cheangal ri Dia agus ri daoine eile tro luachan Rìoghachd Dhè.</p> <p><b>RERC 2-21a</b></p> | <p>Tha mi a' tuigsinn mar a tha Eaglaisean Crìosdail eile air cur ri Rìoghachd Dhè. Rannsaich mi mu ghnìomh uil'-eaglaiseil agus smaoinich mi air a' bhuaidh a tha aige san t-saoghal.</p> <p><b>RERC 2-21b</b></p>   | <p>Dh'fhairich mi cò ris a tha e coltach a bhith glic agus truacanta. 'S urrainn dhomh innse mar a thug an t-eòlas sin buaidh air mo thuigse mu mo luach mar phearsa, mu mo mhothachadh air feuman dhaoine eile agus mu mo dheòin a thaobh cur ri seirbheis math an t-sluaigh.</p> <p><b>RERC 3-21a / RERC 4-21a</b></p> |  |
|  |   | <p>Rannsaich mi a' ghairm gu mathanas agus co-rèite, agus smaoinich mi mu mar a bhuadhaicheas seo air mo cheangal ri Dia agus ri daoine eile. 'S urrainn dhomh an tuigse seo a chur an gnìomh nam cheangal ri Dia agus ri daoine eile.</p> <p><b>RERC 1-22a / RERC 2-22a / RERC 3-22a</b></p> |   |   | <p>Smaoinich mi mun fheum air co-rèite ann an suidheachaidhean sa choimhearsnachd.</p> <p><b>RERC 4-22a</b></p>  |  |

## Crìosdaidheachd Caitligeach (a' leantainn)

|                                   | Tràth | A' chiad  | An dàrna | An treas  | An ceathramh |
|-----------------------------------|-------|---|----------|---|--------------|
| Rìoghachadh Dhè<br>(a' leantainn) |       | Tha fios agam gun tug Dia saorsa dhomh roghainnean a dhèanamh mun dòigh sa bheil mi gam ghiùlan fhìn nam bheatha. Smaoinich mi mu mar a tha co-dhùnaidhean mo chogais a' toirt buaidh air mo cheangal ri Dia agus ri daoine eile.<br><b>RERC 1-23a / RERC 2-23a</b>               |          | Tha barrachd mothachaidh agam mu na h-eileamaidean a tha cudromach airson co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh, agus rannsaich mi suidheachaidhean sa bheil dùbhlann moralta sa bheatha. 'S urrainn dhomh innse mu mo fhreagairt do na suidheachaidhean sin agus a mhìneachadh, maille ri freagairtean dhaoine eile.<br><b>RERC 3-23a / RERC 4-23a</b> |              |
|                                   |       | Smaoinich mi mu dhòighean sa bheil a' choimhearsnachd Chrìosdail Chaitligeach ag obair còmhla, airson cùram don t-saoghal agus do fheumalachdan dhaoine a shealltainn. Smaoinich mi air ciall seo a thaobh mo bheatha agus beatha dhaoine eile.<br><b>RERC 1-24a / RERC 2-24a</b> |          | Tha mi air cothroman fhaighinn a dhol an sàs ann an cùisean co-cheangailte ri mì-cheartas sòisealta. 'S urrainn dhomh innse mar a thug teagasg na h-Eaglaise buaidh air mo fhreagairt do na cùisean sin agus air freagairtean dhaoine eile.<br><b>RERC 3-24a / RERC 4-24a</b>   |              |

## Creideamhan eile an t-saoghail

Tha Alba san 21mh linn na dùthaich a tha a' sìor fhàs ioma-chultarach agus eadar-mheasgaichte. Bidh an curraicealam ann an sgoil sheòrsaichte a' nochdadh a shealladh creideamhach sònraichte fhèin. Ann an sgoiltean Caitligeach, bidh e a' togail air mar a tha sgoiltean Caitligeach fosgailte do dhaoine òga eile a dh'aindeoin seòrsa no creideamh. A thuilleadh air a bhith a' leasachadh an tuigse mun chreideamh Chaitligeach, thig clann agus daoine òga gu bhith a' luachadh taobhan sònraichte de phrìomh chreideamhan an t-saoghail, a' tuigsinn sireadh dhùrachdach mun fhìrinn a bhios a' gabhail àite ann an creideamhan eile. Rè an ama ro-sgoile agus bho eòlas an taobh a-staigh na coimhearsnachd ionadail aca, bidh a' mhòr-chuid air rudeigin ionnsachadh mu chreideamhan eile an t-saoghail, mar eisimpleir tro fhèisean agus shubhachasan, agus bidh luchd-teagaisg ag iarraidh togail air an eòlas sin mar a bhios iad mean air mhean ag ionnsachadh mu chreideamhan eile an t-saoghail. Bhiodh creideamhan eile an t-saoghail gu h-àbhaisteach air an teagasg bho P3 agus às a dhèidh; ach, far a bheil e iomchaidh, gabhaidh seo atharrachadh airson dèiligeadh ri feumalachdan coimhearsnachd sgoile eadar-mheasgaichte.

Gabhaidh na builean sin an coileanadh tro bheachdachadh air a' chreideamh Iùdhach agus a' chreideamh Ioslamach aig ìrean bun-sgoile (ged a dh'fhaodas seo a bhith air atharrachadh, far an gabh e dèanamh, airson cuid de chreideamhan eile an t-saoghail a ghabhail a-steach, airson a bhith beò ann an suidheachadh na sgoile). Faodaidh seo leudachadh a-mach gu ionnsachadh mu Bhudachd, Siogachd agus Hinduachd aig ìrean àrd-sgoile le roghainnean sgrùdaidh rim faotainn aig a' cheathramh ìre.

|                 | Tràth | A' chiad   | An dàrna  | An treas  | An ceathramh  |
|-----------------|-------|--|---|---|---|
| <b>Creideas</b> |       | Tha mi mothachail gu bheil na coimhearsnachdan Iùdhach agus/no Muslamach a' creidsinn ann an Dia.<br><b>RERC 1-25a</b> | Rannsaich mi cuid de chreideas nan coimhearsnachdan Iùdhach agus/no Muslamach.<br><b>RERC 2-25a</b> | 'S urrainn dhomh innse mar a tha faireachadh mu naomhachd a' toirt buaidh air bith-beò dhaoine de dhiofar chreideamhan bho latha gu latha. 'S urrainn dhomh cuideachd innse mar a thug mo thuigse mu seo buaidh air mo spèis do chreideamhan dhaoine eile.<br><b>RERC 3-25a</b> | Rannsaich mi mu thoiseach prìomh chreideas nan diofar chreideamhan san t-saoghal. 'S urrainn dhomh innse mu dhiofar chreideas agus nàdar daonna agus freastal, duilgheadasan co-cheangailte ri olc agus ri fulang, agus ri beatha às dèidh bàs a luachadh.<br><b>RERC 4-25a</b><br><br>'S urrainn dhomh mo chreideas fhìn air na cùisean sin a chur an cèill le misneachd.<br><b>RERC 4-25b</b> |

## Creideamhan eile an t-saoghail (a' leantainn)

|   | Tràth | A' chiad  | An dàrna   | An treas   | An ceathramh   |
|---|-------|---|--|--|--|
| <b>Luachan agus cùisean</b>             |       | <p>Tha mi mothachail air luachan teaghlaich agus coimhearsnachd anns na creideamhan lùdhach agus/no Muslamach.</p> <p>RERC 1-26a</p>  | <p>'S urrainn dhomh cuid de na prionnsapalan aithneachadh, ris a bheil daoine a bhuineas do na coimhearsnachdan creideimh lùdhach agus/no Muslamach a' cumail.</p> <p>RERC 2-26a</p>   | <p>Rannsaich mi beachdan agus luachan prìomh chreideamhan an t-saoghail agus 's urrainn dhomh innse mun deidhinn.</p> <p>RERC 3-26a</p> <p>'S urrainn dhomh iad sin a cheangal rim luachan fhìn.</p> <p>RERC 3-26b</p>   | <p>Rannsaich mi agus 's urrainn dhomh na prìomh luachan aithneachadh, a tha aig cridhe prìomh chreideamhan an t-saoghail.</p> <p>RERC 4-26a</p> <p>'S urrainn dhomh innse mar a tha seo air mo mhothachadh mu choiteantachd luachan thar prìomh chreideamhan an t-saoghail a thoirt air adhart. 'S urrainn dhomh luachadh a dhèanamh air a' chudromachd a tha aig na luachan sin an co-cheangal ri math gach neach fa leth agus ri seasmhachd na coimhearsnachd.</p> <p>RERC 4-26b</p> |
| <b>Cleachdaidhean agus traidiseanan</b> |       | <p>'S urrainn dhomh àiteachan adhradh nan coimhearsnachdan creideamh lùdhach agus/no Muslamach aithneachadh.</p> <p>RERC 1-27a</p> <p>Tha fios agam gu bheil leabhraichean spèisealta aig na coimhearsnachdan lùdhach agus/no Muslamach a tha cudromach do an creideas.</p> <p>RERC 1-27b</p> | <p>'S urrainn dhomh co-roinneadh a dhèanamh air cuid de na prìomh fheartan agus dheas-ghnàthan, a tha co-cheangailte ri àitean adhradh choimhearsnachdan lùdhach agus/no Muslamach, agus rim fèillean.</p> <p>RERC 2-27a</p> <p>'S urrainn dhomh cuid de na cleachdaidhean agus de fhuigheallan ceangailte ris na coimhearsnachdan lùdhach agus/no Muslamach, agus rim fèillean, aithneachadh.</p> <p>RERC 2-27b</p> | <p>Rannsaich mi prìomh dheas-ghnàthan agus chleachdaidhean creideamhan eile an t-saoghail. 'S urrainn dhomh an cudromachd a mhìneachadh do luchd-leantainn nan creideas sin.</p> <p>RERC 3-27a</p> <p>Rannsaich mi mar a bhios daoine bho chreideamhan eile an t-saoghail a' cur an creideas an cèill san latha an-diugh. 'S urrainn dhomh iad sin a cheangal rim chleachdadh creideamhach fhìn.</p> <p>RERC 3-27b</p> | <p>Tro bhith a' rannsachadh traidiseanan, cleachdaidhean agus deas-ghnàthan prìomh chreideamhan an t-saoghail, tha barrachd spèis agus tuigse agam mun deidhinn.</p> <p>RERC 4-27a</p> <p>'S urrainn dhomh iomradh a dhèanamh air àitean-adhradh ann an Alba agus anns an t-saoghal cho-aimsireil san fharsaingeachd.</p> <p>RERC 4-27b</p>  |